

Bìoball airson na Cloinne

A'cur fan comhair

Breith Ìosa



Sgrìobhte le: Edward Hughes
Dealbhan le: M. Maillot
Alastair Paterson
Eadar-theangaichte le: E. Frischbutter; Sarah S.
Air eadar-theangachadh le:
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill
Dèanta le: Bible for Children
www.M1914.org

BFC
PO Box 3
Winnipeg, MB R3C 2G1
Canada

©2020 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

O chionn fhada an t-saoghail,
chuir Dia an t-aingeal Gabriel do
nighean òg Iùdhach, air an robh
Muire. Dh'innis e dhì, "Bidh mac
agad agus bheir thu Ìosa mar
ainm air. 'S esan am Mac As

Àirde. Bidh
e a' riaghladh
gu sìorraidh
bràth."



"Ach ciamar?" dh'fhaighnich an nighean le iongnadh. "Cha robh mi còmhla ri fear a-riamh." Thuir an t-aingeal ri Muire gun tigeadh an leanabh bho Dhia. Cha bhiodh athair talmhaidh aige.



3

Thuir an t-aingeal an uair sin gun robh an co-ogha aig Muire, Ealasaid, trom, ged a bha i aosta. B' e mìorbhail a bh' ann an seo cuideachd. Às dèidh seo, rinn Muire cèilidh air Ealasaid. Rinn iad moladh do Dhia le chèile.




4

Bha gealladh-pòsaidh eadar Muire agus duine air an robh Iòsaph. Bha Iòsaph brònach nuair a chuala e gun robh Muire an dùil ri leanabh. Smaoinich e gur e duine eile an t-athair.




5

Ann an aisling, dh'innis an t-aingeal do Iòsaph gur e Mac Dhè a bh' anns an leanabh. Bha aig Iòsaph ri Muire a chuideachadh a' coimhead às dèidh Ìosa.



6

Bha earbsa aig Iòsaph ann an Dia agus ghèill e Ris. Ghèill e cuideachd ri laghannan na dùthcha aige. Air sgàth lagh ùr, dh'fhalbh e fhèin agus Muire do bhaile an teaghlaich aige, Betlehem,



agus na cìsean aca a phàigheadh.


7

Bha àm breith an leanaibh a' tighinn faisg. Ach cha b' urrainn do Iòsaph seòmar a lorg ann an àite sam bith. Bha na taighean-òsta uile làn.



8

Lorg Iòsaph stàball mu dheireadh thall. Ann an sin, rugadh an Leanabh Ìosa. Chuir A mhàthair E ann am prasaich, far a b' àbhaist biadh nam beathaichean a bhith.



9

Faisg air seo, bha buachaillean a' cumail sùil air na treudan chaorach aca. Nochd aingeal Dhè agus dh'innis e dhaibh an



naidheachd mhìorbhaileach.

10

"Rugadh dhuibh an-diugh, ann am baile Dhaibhidh, Slànaighear agus is esan Crìosd an Tighearna. Lorgaidh sibh an



Leanabh a' laighe ann am prasaich."

11

Agus gu luath nochd tòrr ainglean soilleir eile, a' moladh Dhè agus ag ràdh, "Glòir do Dhia anns na h-àrdan, agus air talamh sith, agus deagh



ghèan do dhaoine."


12

Dh'fhalbh na buachaillean nan cabhaig chun an stàball. Às dèidh dhaibh an Leanabh fhaicinn, dh'innis iad dhan a h-uile duine ris an do choinnich iad na thuirt na h-ainglean mu Ìosa.




13

Ceathrad latha às dèidh seo, thug Iòsaph agus Muire Ìosa dhan teampall ann an Ierusalem. Ann an sin, rinn duine air an robh Simeon moladh do Dhia airson an Leanaibh agus thug seann Anna, searbhanta eile den Thighearna, taing.




14



Bha fhios aig an dithis gur e Mac Dhè a bh' ann an Ìosa, an Slànaighear. Rinn Iòsaph iobairt de dhà eun. B' e siud an iobairt a rèir lagh Dhè airson daoine bochda nuair a thigeadh iad le leanabh ùr dhan Tighearna.

15



Beagan às dèidh seo, stiùir rionnag shònraichte draoidhean bhon àird an ear gu Ierusalem.


"Càite a bheil esan a rugadh na Rìgh nan Iùdhach?" dh'fhaighnich iad. "Tha sinn air tighinn a dhèanamh adhradh dha."

16




Chuala Rìgh Herod mu na draoidhean. Bha dragh air agus dh'iarr e orra innse dha nuair a lorgadh iad Ìosa. "Tha mise airson adhradh a dhèanamh Dha cuideachd," arsa Herod. Ach bha e ag innse breug. Bha Herod airson cur às do Ìosa.

17



Stiùir an rionnag na draoidhean dhan dearbh thaigh far an robh Muire agus Iòsaph a' fuireach leis an Leanabh òg. Air an glùinean, rinn an luchd-siubhail adhradh dha agus thug iad dha tiodhlacan daora de dh'òr agus cùbhrais.

18



Thug Dia rabhadh dha na draoidhean tilleadh dhachaigh gu dìomhair. Bha Herod fiadhaich. Bha e airson cur às do Ìosa agus, mar sin, mharbh an rìgh aingidh a h-uile leanabh fireann ann am Betlehem.


19



Ach cha b' urrainn do Herod cron a dhèanamh air Mac Dhè! Fhuair Iòsaph rabhadh ann an aisling agus theich e fhèin agus Muire le Ìosa gu sàbhailteachd anns an Èipheit.

20

Nuair a chaochail
Herod, thill Ìòsaph,
Muire agus Ìosa
bhon Èipheit.



Chaidh iad a
dh'fhuireach iad ann
am baile beag Nàsaret,
faisg air muir Ghalile.

21

Breith Ìosa

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bìoball, ri

Mata 1-2, Lùcas 1-2

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

22

A' Chrìoch

36



60

23

Tha sgeul a' Bhìobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a
chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gun bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris
an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha
gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige,
Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhuilang airson nam
peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus
chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa
agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E
a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhirinn, can seo ri Dia:
Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu
don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò
a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean
gus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a
dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad
leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

24